



Teisteanais
Nàiseanta
2023

X832/76/12

Àrd-Ìre

DIMÀIRT, 23 CÈITEAN

9:00 M – 10:50 M

**Gàidhlig
Litreachas**
Gàidhlig Literature

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 6 1 2 *

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

1. Rosg

- (a) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns an do nochd caractar/caractaran cudromach a thug ort smaoineachadh.

Seall mar a thug e/i/iad ort smaoineachadh agus mar a chleachd an sgrìobhadair diofar sgilean sgrìobhaidh airson buaidh a thoirt ort.

NO

- (b) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns an robh car a dh'atharraich slighe na sgeulachd.

Seall mar a thug an car seo buaidh air an sgeulachd agus mar a chleachd an sgrìobhadair sgilean sgrìobhaidh eile airson am pìos air fad a dhèanamh tarraingeach.

2. Bàrdachd

- (a) *'Chan eil dàn gu feum dhut mura dèan e ceangal ri do chridhe.'*

Tagh pìos bàrdachd a thog faireachdainnean làidir annad. Seall mar a chleachd am bàrd diofar sgilean sgrìobhaidh gus seo a dhèanamh.

NO

- (b) *'Fosglaidh deagh phìos bàrdachd do shùilean a thaobh cultar no eachdraidh.'*

Tagh pìos bàrdachd a bha soirbheachail ann a bhith a' dèanamh seo agus seall na diofar dhòighean a chleachd am bàrd airson soilleireachadh a thoirt dhut air a' chuspair.

3. Dràma

- (a) Tagh pìos dràma anns an robh caractar/caractaran a rinn rudeigin a dh'fhuirich nad chuimhne.

Seall mar a thug an caractar/na caractaran seo seo air a' phìos dràma a bhith nas èifeachdaiche.

NO

- (b) Tagh pìos dràma a thug soilleireachadh dhut air suidheachadh a tha a' bualadh ort fhèin.

Seall mar a chuir an sgrìobhadair sgilean sgrìobhaidh gu feum airson do tharraing a-steach don t-suidheachadh.

4. Film/Telebhisean

- (a) Tagh film no prògram anns an robh fìor àirde faisg air an deireadh.

Seall mar a bha an àirde seo soirbheachail a thaobh, mar eisimpleir: plota, caractaran, sgilean teicnigeach, cuspairean agus teachdaireachd.

NO

- (b) Tagh film no prògram anns an robh ceanglaichean ri cultar na Gàidhlig.

Seall mar a chaidh dèiligeadh ris a' chuspair gus film/prògram inntinneach a chruthachadh.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO